



beatha
le
buaidh


Madonna

Madonna

Madonna

Madonna

**beatha le
buaidh**



Air fhoillseachadh ann an 2005 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhon Bhuidheann Eadar-roinneil airson Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG 2006. Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Dealbh còmhdaich © Stephane Cardinale/People Avenue/Corbis.

Na dealbhan le Corbis agus Getty Images.

Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.

Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 1-904730-29-9

beatha le
buaidh

A

N

N

O

A

A

M



An teacs le Ailig O' Henley.

M A D O N N A

Madonna

Tha Madonna air neach-ciùil pop cho soirbheachail sa bh' ann riamh. Bho thòisich i air seinn sna h-ochdadan, tha i air na milleanan chlàran a reic air feadh an t-saoghail. Aig amannan tha i air còmhstri a dhùsgadh cuideachd. Ach tha an ceòl aice air misneachd a thoirt do mhòran dhaoine òga. Tro na bliadhnaichean tha Madonna air an ìomhaigh aice atharrachadh grunn thursan, ach coltach ri fìon math, tha i a' fàs nas fheàrr mar a tha na bliadhnaichean a' dol seachad.

Con Dèidh sin tha Ce

M A D O N N A



© Neal Preston/CORBIS

Madonna òg

Rugadh Madonna ann am Michigan sna Stàitean Aonaichte ann an 1958. Is e Madonna Louise Veronica Ciccone an t-ainm slàn aice. Bha ochdnar chloinne san teaghlach agus 's e Madonna an tè as sine.

Cha robh i ach sia bliadhna a dh'aois nuair a thàinig atharrachadh mòr na beatha. Bhàsaich a màthair le aillse broillich. Thug seo buaidh mhòr air Madonna. Thuirt i aon turas nach d' fhuair i riamh seachad air bàs a màthar. Ach bha e a' ciallachadh gun robh i làidir agus neo-eisimeil bho aois gu math òg.

Bha Madonna math air dannsa agus dràma nuair a bha i san àrd-sgoil. Cho math 's gun d' fhuair i cothrom a dhol gu Oilthigh Michigan a dh'ionnsachadh dannsa.


Ghluais i an uair sin gu baile mòr New York ann an 1978. Cha robh e furasta obair fhaighinn mar dhannsair agus airson greis rinn Madonna obraichean eile. Bha i ag obair aig *Dunkin' Donuts* ann an Times Square agus a' dèanamh obair modalaidh. Às dèidh sin ghluais i don Roinn Eòrpa airson a' chiad uair far na chuir i seachad dà bhliadhna ag obair mar dhannsair diosgo ann am Paris.

M A D O N N A

Madonna an seinneadair

Is ann às dèidh tilleadh à Paris a thòisich Madonna air seinn. Bha i ann an còmhlan ris an canar *Breakfast Club*. Ach cha b' ann a' seinn a bha i an toiseach idir ach a' cluich nan drummaichean. Às dèidh greis dh'fhàg i an còmhlan sin agus stèidhich i fear eile fon ainm, *Emmy*. Is ann aig an ìre seo a thòisich i air seinn fon ainm aice fhèin, Madonna. Thug i a-mach an clàr, *Everybody* agus rinn e math sna clubaichean. An uair sin thàinig *Holiday*, ann an 1983. Chaidh e don phrìomh fhichead anns na Stàitean agus don phrìomh dheich air feadh na Roinn Eòrpa. Bha Madonna air a slighe.

M A D O N N A



© Roger Ressmeyer/CORBIS

M A D O N N A



Concussion tour

© Band Aid Trust/Live 8/GETTY IMAGES

Madonna chonnspaideach

Be *Like a Virgin* a' chiad chlàr aig Madonna a chaidh gu àireamh a h-aon. Bha ainm an òrain a cheart cho ainmeil ris an òran fhèin. Bha Madonna sna naidheachdan chan ann a-mhàin airson a cuid ciùil, ach cuideachd airson na h-lomhaigh aice. Bha i a cheart cho ainmeil airson a cuid aodaich agus na bhideos a bha a' dol leis na h-òrain aice.

Ann an 1985 nochd Madonna mar phàirt de chonsairt ciùil Live Aid, agus anns an aon bhliadhna, phòs i an cleasaiche ainmeil, Sean Penn. Bha i a-nise aithnichte air feadh an t-saoghail. Am measg an luchd-leantail aice bha caileagan òga a bha airson a bhith coltach rithe. Bha iad airson a bhith neo-eisimeil agus coma co-dhiù, dìreach mar Madonna.

Rinn i film còmhla ri Penn fon ainm *Shanghai Surprise*, ach cha robh dad a dh'fheum innte.

Thill Madonna chun a' chiùil agus thàinig *Papa Don't Preach* a-mach ann an 1986. Bha an t-òran a' dèiligeadh ri deugairean a bha trom le leanabh. Sheall e gun robh Madonna comasach air òrain a sgrìobhadh mu chuspairean eadar-dhealaichte.

Cha robh am pòsadh le Penn ag obair ged-tà agus dhealaich iad ann an 1988. Ged a bha a beatha troimhe-chèile chùm Madonna oirre leis a' cheòl. Bha an ath òran aice, *Like A Prayer*, gu sònraichte connspaideach. Bha a' bhideo na chois a' sealltainn Madonna a' pògadh Ìosa a bha dubh. Cha do chòrd an t-òran ris an Eaglais Chaitligeach idir. Rinn a' Bhatican càineadh làidir air an òrain agus air Madonna. Thug Pepsi-Cola taic airgid air falbh bhuaipe cuideachd. Bha Madonna coma oir reic an clàr mar nach do reic gin riamh roimhe.

M A D O N N A

Evita agus Lourdes

Thàinig atharrachadh eile air beatha Madonna ann an 1996. Bha ùidh aice riamh ann am filmichean agus fhuair i pàirt Eva Peron san dealbh *Evita*. Ged nach robh i na cleasaiche ainmeil, fhuair i moladh airson a cuid obair. San aon bhliadhna rugadh a' chiad leanabh aice, Lourdes Maria Ciccone Leon. Mu dheireadh thall, fhuair na pàipearan-naidheachd air an tiotal '*Madonna and Child*' a chleachdadh.

Thug seo misneachd as ùr dhith agus thàinig clàr ùr a-mach, *Ray of Light*. Shreap an t-òran *Frozen* gu àireamh a h-aon anns na Stàitean agus ann am Breatainn. Chaidh *Beautiful Stranger* a chleachdadh anns an dealbh aig Mike Myers, *Austin Powers 2*. Bha Madonna air ais mar bhàn-righ saoghal pop.

Madonna



© CORBIS SYGMA

M A D O N N A

Banais air a' Ghàidhealtachd

Aig an àm seo bha Madonna air gluasad a dh'fhuireach ann an Sasainn. Bha i air coinneachadh ris an stiùiriche film, Guy Ritchie. Anns an Lùnastal 2000 bha gille beag aca, Rocco, agus beagan mhìosan às dèidh sin phòs iad air a' Ghàidhealtachd. Chaidh a' bhanais a chumail aig Caisteal Sgiobal ann an Cataibh. Bha pìobaire an làthair a chluich na h-òrain aig Madonna air a' phìob mhòr. Ron phòsadh chaidh Rocco a bhaisteadh ann an Àrd-eaglais Dhòrnaich. Am measg nan rionnagan a thàinig chun na bainnse, bha Gwyneth Paltrow, Stella McCartney agus Sting.

M A D O N N A



© Stephane Cardinale/CORBIS SIGMA

Caibideil ùr eile

Cha robh fada gus an robh Madonna ag obair a-rithist. Chlàr i òran airson a' film James Bond, *Die Another Day*. Rinn i film còmhla ri Ritchie cuideachd, *Swept Away*, ach a-rithist cha robh an dealbh ro mhath. Dìreach nuair a bha cùisean a' coimhead duilich thàinig clàr ùr, inntinneach eile a-mach bhuaipe. B' e *American Life* an t-ainm a bha air. Thug i dreach ùr techno air an òran ainmeil aig Don McLean, *American Pie*. Uair eile chaidh an clàr gu àireamh a h-aon air gach taobh dhen Chuan Shiar.

A thuilleadh air seinn, bha Madonna a-nise a' tòiseachadh air sgrìobhadh. Thug i a-mach sreath de leabhraichean chloinne. Bha i cuideachd air tionndadh gu Kabbalah; is e meur dhen chreideamh Iùdhach a tha seo. Thòisich i air iòga a dhèanamh.

Bha sinn a' faicinn Madonna ùr, Madonna a bha nas socraiche. Ach tha i fhathast an sàs gu mòr ann an ceòl. Chluich i aig Live 8 agus tha dùil ri clàr ùr bhuaipe aig deireadh 2005. Tha aon rud cinnteach, chan eil sinn air am facal mu dheireadh a chluinntinn bho Madonna fhathast.

